

Thig am foghar, agus tha obair fein aige r' a dheanadh. Tha an t-arbhar ann an deich mìle achadh a nis abaich agus tha na buanaichean le farum taitneach 'g a ghearradhsios. Is firinneach agus is foghainteach briathran an t-salmadair, "Crunaidh thu, a Dhe, a bhliadhna le d' mhaithreas, agus silidh do cheuman saill. Silidh iad air cluainibh an fhasaich agus ni na cnuic gairdeachas air gach taobh."

Ach anns an fhogharadh ged tha broilleach na talmhainn sgeadaichte le culaidh riomhach, lurach, tha sanas air a thoirt seachad nach eil an uine ach gearr gus an caill an snuadh dreachmhor so a shnasmhorachd. Tha na craobhan a' crathadh an duilleagan gorma, 's tha barr an fheoir a' seargadh; oir tha 'n geamhradh fuar a' tighinn gun moille 'dheanadh. Is e so an trath de 'n bhliadhna anns a bheil dubhachas sgriobhta air aghaidh naduir. Tha maise nam beann 's nan comhnardan air falbh. Tha na sruthan brasa, fuaimneach, air an cuibhreachadh le geimhlean cruaidh. Gidheadh tha ailleachd 'us eifeachd fein aig a gheamhradh; oir nach e 'n Dia a tha mor 'us glic 'us tuigseach a rinn an samhradh agus a rinn an geamhradh mar an ceudna?

Rinn thu an samhradh. Tha sinn mar so ' tuigsinn gur ann bho Dhia, a mhain, a tha sonas 'us soirbheachadh a sruthadh. Is Esan a dheasaich solus agus grian agus a shuidhich uile chrìochan na talmhainn. Thug Dia dhuinn buadhan